

Iomairt Chiùil Òigridh

Youth Music Initiative – Traditional Music in Schools



Pasgan nan Òran

Song Resource for Schools



Òrain bho **Anna Mhàrtinn**, **Caitlin Ghreumach** agus **Raonaid Nic an Fhùcadair**

Eadar theangachaidhean agus Eacarsaichean le **Màiri Anna NicUalraig** le **Ceana Chaimbeul**

Co-chruinnichte le **Ingrid NicEanraig**

Songs provided by **Anne Martin**, **Kathleen Graham** & **Rachel Walker**

Translations and exercises by **Mary Ann Kennedy** with **Kenna Campbell**

Compiled by **Ingrid Henderson**

Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ | www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ | www.feisean.org

1. Siorram Sìos	3
2. Poca Sìl an t-Sealgair	4
3. Leis an Lurgainn	6
4. Faca tu Saor an t-Sàbhaidh?	8
5. Uamh an Òir	9
6. I-dal a dù-bhil	11
7. Seallaibh Curaigh Eòghainn	12
8. A Chur nan Gobhar as a' Chreig	13
9. Buain a' Choirce	14
10. Siuth'd a Bhalachaibh	15
11. Faill-ill-ò agus hò-ro eile	16
12. Seice Ruairidh	17
13. Oran na Maighdinn-Mhara	18
14. Tha Bean agam, tha Taigh agam	20
15. Far am bi mi fhìn	21
16. Cluasan, sùilean, sròn is beul	23
17. Splis Splais!	24
18. Goiridh-gì (Port na h-Eala)	26
19. tha'n Tombaca Daor	27
20. Fear a' Bhàta	28
21. Tha Toll air a' Bhàta Mhòr	30
22. 'S Ioma' Rud a Chunna Mi	31
23. Cuir 'sa Chiste Mhòir Mi	32
24. Dh'èirich Mi Moch Madainn Chèitein	33
25. Hè mo Leannan, Hò mo Leannan	35
26. Taobh Loch Èite	36
27. Pòg o Leannan an Fhìdhleir	38
28. Fear a Bhios Fada gun Phòsadh	39
29. Mòrag a Dùn Bheagain (composed by Katherine Douglas)	40
30. Còta Mòr Ealasaid	42
31. Nighneag a' Chùil Duinn Nach Fhan Thu?	43
32. Maraiche nan Cuantan (composed by Flora MacPhail and Angus MacPhail)	45
33. Tha mi 'dol a Dhèanamh Banais	47
34. Crathadh d' aodaich a Ghaoil	49
35. Gille Beag Ò	50
36. Crodh-Laoigh nam Bodach	51
37. Mhic Iarla nam Bratach Bàna	53
38. Orra Bhonna Bhonnagan	55
39. Fac' thu na Fèidh?	56
40. 'Illean Bithibh Sunndach	57
41. Chì mi na Mòr-bheanna (composed by John Cameron, Ballachulish)	59
42. Ceann Gualainn Glùinean Cas	61
43. The Jeely Piece Song (composed by Adam McNaughton)	62
44. Daphne Cochran	63
45. The Wee Kirkcudbright Centipede (composed by Matt McGinn)	64
46. One Bottle of Pop	65
Translations of Gaelic Songs	66-78

All songs/tracks traditional except where indicated.

CD Tracks 1 to 32 sung by Anne Martin & Kathleen Graham

CD Tracks 33 to 46 sung by Rachel Walker

Musicians: Ingrid Henderson & Angus MacPhail

1. Siorram sìos

*Siorram sìos, siorram suas
Cha robh mir de Ruairidh agam
Siorram sìos, siorram suas
Cha robh agam Ruairidh*

*Nuair a dh'èirich mi 's a' mhadainn
Cha robh mir de Ruairidh agam
Nuair a dh'èirich mi 's a' mhadainn
Cha robh agam Ruairidh*

*Fhuair mi crùisgean 's rinn mi lasadh
'S sheall mi anns gach cùil is callaid
Fhuair mi Ruairidh measg na rainich
Falach gus na cluasan*

Good Words to Know:

<i>sìos</i>	<i>down</i>
<i>suas</i>	<i>up</i>

In English we say 'up and down', but in Gaelic, we say 'sìos is suas' – 'down and up'!

<i>Ruairidh</i>	<i>Roddy, Roderick, Derek</i>
-----------------	-------------------------------

<i>madainn</i>	<i>morning</i>
<i>'s a' mhadainn</i>	<i>in the morning</i>

<i>crùisgean</i>	<i>an old-fashioned open oil-lamp</i>
------------------	---------------------------------------

<i>raineach</i>	<i>bracken</i>
<i>measg na rainich</i>	<i>amongst the bracken</i>

Faclan agus ceistean: (Siorram Sìos)

sìos, suas - Bidh sinn ag ràdh 'sìos is suas' ann an Gàidhlig, ach 'up and down' – 'suas is sìos' - ann am Beurla!

<i>mir</i>	<i>pìos beag de rud sam bith</i>
------------	----------------------------------

<i>crùisgean</i>	<i>seann lampa fhosgailte</i>
------------------	-------------------------------

<i>cùil</i>	<i>oisean beag</i>
-------------	--------------------

<i>callaid</i>	<i>àite-falaich; tha e cuideachd a' ciallachadh feansa no rud a tha a' roinn àite na dhà leth</i>
----------------	---

<i>Ceist 1)</i>	<i>Dè an connadh a tha thu a' cur ann an crùisgean?</i>
-----------------	---

<i>Ceist 2)</i>	<i>Dè an t-ainm a th'air an t-streang a bhios tu a' lasadh anns a' chrùisgean? (Freagairt: siobhag)</i>
-----------------	---

<i>Ceist 3)</i>	<i>De an uair a dh'èirich thusa 's a' mhadainn an-diugh?</i>
-----------------	--

2. Poca sìl an t-sealgair

*Eadaraibh a h-uinn ò! Poca sìl an t-sealgair **

Eadaraibh a h-uinn ò! Poca sìl an t-sealgair

Eadaraibh a h-uinn ò! Poca sìl an t-sealgair

Am poc' a bh' air, an sac a bh' air, am poc' a bh' air 's e 'falbh leis

Am poc' a bh' air, an sac a bh' air, am poc' a bh' air 's e 'falbh leis

Am poc' a bh' air, an sac a bh' air, am poc' a bh' air 's e 'falbh leis

Am poc' a bh' air, an sac a bh' air, am poc' a bh' air 's e 'falbh leis

Eadaraibh a h-uinn ò! Poca sìl an t-sealgair

Chunnacas a' tighinn e, 's chan fhacas a' falbh e

Chunnacas a' tighinn e, 's chan fhacas a' falbh e

Chunnacas a' tighinn e, 's chan fhacas a' falbh e

Am poc' a bh' air, an sac a bh' air, am poc' a bh' air 's e 'falbh leis

B' fhoghainteach i, beadarrach i, b' aigeannach an t-seana bhean

B' fhoghainteach i, beadarrach i, b' aigeannach an t-seana bhean

B' fhoghainteach i, beadarrach i, b' aigeannach an t-seana bhean

Eadaraibh a h-uinn ò! Poca sìl an t-sealgair

Source: Tolmie Collection

Good Words to Know:

poca a sack

poca-sìl a sack of seed

sealgair a hunter

**this word is pronounced with an 'invisible' vowel – seal-(a)-gair*

If your name was Ann Hunter, your name in Gaelic would be Anna Nic an t-Sealgair. If your name was James Hunter, it would be Seumas Mac an t-Sealgair.

an t-seana bhean the old woman *Another good word for this is 'cailleach'*

a' tighinn coming

a' falbh going

In English we say 'coming and going', but in Gaelic, we say 'a' falbh 's a' tighinn' – 'going and coming'!

foghainteach fit, strong

beadarrach full of fun

aigeannach spirited, boisterous

Faclan agus Ceistean:

foghainteach làidir

beadarrach làn spòrs is fealla-dhà

aigeannach aotrom agus làn spioraid

a' tighinn, a' falbh Bidh sinn ag ràdh a' falbh 's a' tighinn' ann an Gàidhlig, ach 'coming and going' – 'a' tighinn 's a' falbh' ann am Beurla!

- Ceist 1) Nan robh thusa a' dol am falach, dè a' chùil anns am biodh tusa?*
- Ceist 2) An aithne dhut cuideigin anns a' choimhearsnachd agad a tha sean, ach a tha bearrach?*
- Ceist 3) Dè am facal eile a tha ann airson 'seana bhean'? (Freagairt: cailleach)*

3. Leis an Lurgainn

*Leis an lurgainn o hì
Leis an lurgainn o hò
Beul an anmoich o hì
'S fheudar falbh le cuid seòl*

*An Cuan Èirinn o hì
Muir ag èirigh o hò
'S cha bu lèir dhuinn o hì
Nì fon ghrèin ach na neòil*

*Seachad Ìle o hì
Beul na h-oidhche o hò
Las sinn coinnlean o hì
'S chuir sinn combaist air dòigh*

*Seachad Àros o hì
Bha i gàbhaidh o hò
'N fhairge làidir o hì
Suas gu bàrr a' chruinn sgòid*

*Fhuair sinn fosgladh o hì
Ma ceann-toisich o hò
Fear ga taomadh o hì
'S gillean coltach air bòrd*

Good Words to Know:

<i>le</i>	<i>with</i>
<i>leis an lurgainn</i>	<i>with the "Lurgainn" (the name of the boat)</i>

<i>cuan</i>	<i>sea</i>
<i>Èirinn</i>	<i>Ireland</i>
<i>Cuan Èirinn</i>	<i>the Irish Sea</i>

<i>beul</i>	<i>mouth, entrance</i>
<i>oidhche</i>	<i>night</i>
<i>beul na h-oidhche</i>	<i>the mouth of the night - dusk</i>

<i>Ìle</i>	<i>the island of Islay</i>
------------	----------------------------

<i>Àros</i>	<i>between Salen and Tobermory on the island of Mull</i>
-------------	--

<i>gille</i>	<i>boy, lad</i>
<i>gillean</i>	<i>boys, lads</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>An Lurgainn</i>	<i>ainm a' bhàta</i>
--------------------	----------------------

<i>beul na h-oidhche</i>	<i>fìor thoiseach na h-oidhche, nuair a tha i a' tòiseachadh air fàs dorch</i>
--------------------------	--

Dìreach mas ruig thu 'beul na h-oidhche' (toiseach na h-oidhche), tha thu aig 'ciaradh an fheasgair', no deireadh an fheasgair. Bith e a' fàs dorcha aig an àm seo cuideachd, agus mar sin faodaidh tu cuideachd a bhith a' cleachdadh 'dorchnachadh an fheasgair'.

Cuan Èirinn an cuan eadar ceann-a-deas Alba, taobh siar Shasainn agus taobh sear Èirinn

Àros eadar an Sàilean agus Tobar Mhoire air Eilean Mhuile

Faclan co-cheangailte ri bàta:

seòl sgòd a tha a' lìonadh leis a' ghaoith airson gun gluais am bàta air adhart

combaist inneal-iùil a tha a' sealltainn dè an taobh a tha thu a' gabhail – tuath, deas, sear no siar

crann-sgòid crann a tha a' sìneadh a-mach bhon bhàta airson leigeil leis an t-seòl a tha ceangailte ris sgaoileadh a-mach

ceann-toisich fìor thoiseach a' bhàta

Ceist 1) A bheil fhios agad dè a' Bheurla a th' air na faclan co-cheangailte ri bàta? (Freagairt: sail, compass, boom, prow)

Ceist 2) An urrainn dhut a' bhòids a tha seo a' comharrachadh air a' chlàr-iùil (a' mhap)?

Ceist 3) Dè an diofar a tha eadar na faclan seo airson na mara – muir, cuan, fairge?

*Ceist 4) Cia mheud coinneal a bh' agad air cèic do chò-là-breith mu dheireadh? (Freagairt: ** coinnlean)*

Eacarsaich 1) Dèan dealbh de bhàta-siùil – a' sealltainn far a bheil seòl, crann-sgòid agus ceann-toisich.

4. Faca tu Saor an t-Sàbhaidh?

Faca tu saor an t-sàbhaidh?
Faca tu sàbh an t-saoir?
Faca tu saor an t-sàbhaidh,
Saor an t-sàbhaidh, sàbh an t-saoir?

Illi, illi, saor an t-sàbhaidh
Illi, illi, sàbh an t-saoir
Illi, illi, saor an t-sàbhaidh
Saor an t-sàbhaidh, sàbh an t-saoir

Good Words to Know:

saor a carpenter

sàbh a saw

a' faicinn seeing
faca tu? did you see?

Faclan agus Ceistean:

dreuchd, ceàird obair airson cosnadh a dhèanamh
(faic ceist 3)

Ceist 1) *Dè na h-innealan eile a bhios saor a' cleachdadh? (Freagairt: òrd, tàirnean no taragan, locair – plane, etc)*

Ceist 2) *Am faca tu rudeigin inntinneach an-diugh no an-dè? Rudeigin air an rathad dhan sgoil? Prògram air an telebhisean? (Freagairt: Chunnaic neo chan fhaca)*

Ceist 3) *'S e deagh cheàird a th' ann an obair-saoir. Dè an dreuchd no a' cheàird a bhios agad nuair a dh'fhàgas tu an sgoil?*

5. Uamh an Òir

Mun till mise, mun ruig mise,
Mun till mis' à uamh an òir
Mun till mise, mun ruig mise,
Mun till mis' à uamh an òir

Bidh na minn bheaga nan gobhar chreagach
Mun till mi à uamh an òir
Bidh na minn bheaga nan gobhar chreagach
Mun till mi à uamh an òir

Bidh na searraich òga 'tarraing an eòrna
Mun till mi à uamh an òir
Bidh na searraich òga 'tarraing an eòrna
Mun till mi à uamh an òir

Bidh na mic uchda, nam fir fheachda
Mun till mi à uamh an òir
Bidh na mic uchda nam fir fheachda
Mun till mise à uamh an òir

Good Words to Know:

<i>mi</i>	<i>me</i>
<i>mise</i>	<i>me (in particular, emphatic)</i>

<i>a' tilleadh</i>	<i>returning, coming back</i>
<i>mun till mise</i>	<i>before I return</i>

<i>uamh</i>	<i>cave</i>
<i>òr</i>	<i>gold</i>
<i>uamh an òir</i>	<i>cave of gold</i>

<i>gobhar</i>	<i>goat</i>
<i>gobhair</i>	<i>goats</i>

<i>minn</i>	<i>kids (young goats)</i>
<i>searraich</i>	<i>foals (young horses)</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>a' tilleadh</i>	<i>a' tighinn air ais</i>
<i>mun till mise</i>	<i>mas tig mi air ais</i>

<i>a' ruigeachd, a' ruigsinn</i>	<i>a' faighinn chun aite far an robh thu a' dol</i>
----------------------------------	---

<i>mun ruig mise</i>	<i>mas faigh mi ann</i>
----------------------	-------------------------

<i>uamh</i>	<i>seòmhar an taobh a-staigh creige</i>
-------------	---

<i>òr</i>	<i>miotailt prìseil buidhe</i>
-----------	--------------------------------

agus mar sin 'uamh an òir'

<i>meann</i>	<i>gobhar òg</i>
<i>minn</i>	<i>gobhair òga</i>

serrach
serraich

each òg
eich òga

mic uchda

leanaban, pàisdean

fir feachda

saighdearan

Eacarsaich 1)

Tha fhios againn gur e meann a th'ann an gobhar òg, agus gur e serrach each òg. Dè na faclan eile as aithne dhut airson beathaichean òga? Dèan liosta. (Freagairt: caora – uan, bò - laogh, cat - piseag, cù - cuilean, eun – isean, etc)

Eacarsaich 2)


Faigh a-mach mu dheidhinn sgeulachd Uamh an Òir, agus innis i na d' fhaclan fhèin, oir neo tarruing dealbh dhe na thachair.

6. I-dal a dù-bhil

I-dal a dù-bhil
I-dal a du ho-ro
I-dal a dù-bhil
Trusaidh mi na coilleagan

Ròic aig an fhaoileig
Shìos air na sgeirean ud
Ròic aig an fhaoileig
Trusaidh mi na coilleagan

Gàir aig an fhairge
Shìos air na sgeirean ud
Gàir aig an fhairge
Trusaidh mi na coilleagan



Good Words to Know:

faoileag *seagull*
ròic aig an fhaoileig *the seagull has a feast*

shuas, suas *up there, up*
shìos, sìos *down there, down*

gàir *laugh*
an fhairge *the ocean* *gàir aig an fhairge* *the ocean is roaring*

sgeir *rock*
na sgeirean *the rocks* *air na sgeirean* *on the rocks*

a' trusadh *collecting, gathering*
trusaidh mi *I will gather*

coilleag *cockle*
na coilleagan *the cockles*

Faclan agus Ceistean:

Ceist 1) *Ainmich maorach eile, a bharrachd air coilleagan.*
(Freagairt: feusgain – mussels, creachain – clams, eisirean – oysters etc)

Ceist 2) *Dè na h-eòinn eile a chì thu shìos air a' chladach?*
(Freagairt: gille-brìde – oyster-catcher, guilbneach – curlew,
sùlaire – gannet, steàrnal – tern etc)

Ceist 3) *Nan robh ròic gu bhith agadsa, de am biadh no deoch a thaghadh tu?*

7. Seallaibh Curaigh Eòghainn

Seallaibh curaigh Eòghainn
Còig rèimh fhichead oirre
Seallaibh curaigh Eòghainn
Seachad air a' Rubha Bhàn



Bidh Eòghainn, bidh Eòghainn
Bidh Eòghainn na sgiobair oirr'
Bidh Eòghainn, bidh Eòghainn
'Dol seachad air a' Rubha Bhàn

Seasaidh i ri fairge
Cargo is ballaist orra
Seasaidh i ri fairge
Seachad air a' Rubha Bhàn

Good Words to Know:

<i>curaigh</i>	<i>a coracle, a little boat</i>
<i>ràmh</i>	<i>oar</i>
<i>còig</i>	<i>five</i>
<i>fhichead</i>	<i>twenty</i>
<i>còig rèimh fhichead</i>	<i>twenty-five oars</i>

<i>Eòghainn</i>	<i>Ewan</i>
<i>rubha</i>	<i>headland</i>
<i>sgìobair</i>	<i>skipper, captain</i>

<i>a' seasamh</i>	<i>standing</i>
<i>seasaidh i ri fairge</i>	<i>she (the boat) can stand the ocean</i>
<i>seachad</i>	<i>past</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>curaigh</i>	<i>bàta beag</i>
<i>seasaidh i ri fairge</i>	<i>tha i (am bàta) làidir gu leòr airson a dhol gu muir</i>
<i>ràmh</i>	<i>an rud a tha thu a' cleachdadh airson iomradh</i>
<i>rèimh</i>	<i>barrachd air dà ràmh</i>

Nuair a tha daoine dhen aon bheachd, tha sinn ag ràdh gu bheil iad 'a' tarraing air an aon ràmh'.

*Eacarsaich 1) Faigh a-mach bho do nàbaidh, dè na cuspairean air a bheil sibh air an aon ràmh.
Còmhlain-ciùil? Ball-coise?*

8. A Chur nan Gobhar as a' Chreig

A chur nan gobhar as a' chreig
'S e 'n t-fhèile beag bu docha leam
A chur nan gobhar as a' chreig
'S e 'n t-fhèile beag a b' fheàrr leam (x2)

'S e 'n t-fhèile, 's e 'n t-fhèile
'S e 'n t-fhèile beaga b' fheàrr leam
'S e 'n t-fhèile, 's e 'n t-fhèile
'S e 'n t-fhèile beag a b' fheàrr leam

'S e 'n t-fhèile, 's e 'n t-fhèile
'S e 'n t-fhèile beaga b' fheàrr leam
A chur nan gobhar as a' chreig
'S e 'n t-fhèile beag a b' fheàrr leam



Good Words to Know:

<i>a' cur</i>	<i>putting a chur</i>	<i>to put</i>
<i>gobhar</i>	<i>goat</i>	
<i>creag</i>	<i>rock</i>	<i>às a' chreig</i> <i>out of the rock</i>
<i>fèile-beag</i>	<i>a short kilt</i>	
<i>is toil (leam)</i>	<i>I like</i>	
<i>is docha (leam)</i>	<i>I prefer</i>	
<i>bu docha (leam)</i>	<i>I preferred, I would prefer</i>	

Faclan agus Ceistean:

fèile-beag *fhèileadh goirid*

bu docha leam *b' fheàrr leam*
agus mar sin.... 'Is toigh leam teoclaid agus is docha leam tofaidh'

Ceist 1) *A bheil fhèileadh agad? Dè am breacan a tha ann? Dè na dathan a tha ann?*

Ceist 2) *Cuin a bhios tu a' cur ort aodach spaideil, leithid fheilidh? Innis mun turas ma dheireadh a rinn thu seo.*

Eacarsaich 1) *Dèan coimeas eadar rudan mar a chaidh a dhèanamh gu h-àrd le teoclaid is tofaidh, agus seall dè na rudan as toigh leat agus na rudan as docha leat (no as fheàrr leat).*

9. Buain a' Choirce

Latha dhomh 's mi 'buain a' choirce
Gheàrr mi beum 's cha robh e socair

*Hò rò 's na ho-ri-ri ò
Hì ri-rì ri hò-ro èile
Hò rò 's na ho-ri-ri ò*

Gheàrr mi beum 's cha robh e socair
Gheàrr mi mo ghlùn is leig mi osna

Shuidh mi air uabhar a' ghoirtein
Dh'fheuch am faicinn fear do choltais

Dh'fheuch am faicinn fear do choltais
Fear 'chùil duinn 's nan gruaidhean dosrach

Fhaoileig bhig a shnàmhas an caolas
Thoir mo shoraidh seo gum leannan

Good Words to Know:

<i>a' buain</i>	<i>reaping</i>		
<i>coirce</i>	<i>oats</i>		
<i>a' gearradh</i>	<i>cutting</i>	<i>gheàrr mi</i>	<i>I cut</i>
<i>glùn</i>	<i>knee</i>	<i>mo ghlùn</i>	<i>my knee</i>
<i>gruaidhean</i>	<i>cheeks</i>		
<i>caolas</i>	<i>a narrow stretch of water between two bits of land, a kyle or strait</i>		
<i>leannan</i>	<i>sweetheart</i>		
<i>soraidh</i>	<i>durachd, beannachd leat</i>		

Faclan agus Ceistean:

<i>beum</i>	<i>dòrlach coirce a chaidh a ghearradh</i>
<i>osna</i>	<i>a' leigeil d' anail nuair a tha thu sgìth no claidhte</i>
<i>uabhar</i>	<i>bruach bheag</i>
<i>goirtean</i>	<i>achadh beag uabhar a' ghoirtein - bruach an achaidh bhig</i>
<i>gruaidhean dosrach</i>	<i>bha feusag air!</i>
<i>caolas</i>	<i>uisge eadar dà roinn talmhainn, m.e. eadar tir-mòr agus eilean</i>
<i>leannan</i>	<i>bràmair, carabhaidh</i>

Ceist 1) *Dè na seòrsaichean eile gràin as aithne dhuibh, a bharrachd air coirce?
(Freagairt: eòrna – barley, seagal – rye, arbhar – corn etc)*

Ceist 2) *Innis far a bheil caolas faisg air an sgoil agad, no lorg caolas air cairt-iùil (map).*

10. Siuth'd a Bhalachaibh (Same tune as "The Devil in the Kitchen")

Siuth'd a bhalachaibh, siuthadaibh, siuthadaibh
Siuth'd a bhalachaibh, siuthadaibh (x3)
Siuth'd a bhalachaibh togarrach
Togaibh rith' a h-aodach

Chuala mi e, chuala mi e, chuala mi aig triùir e
Chuala mi e, chuala, chuala, chuala mi aig triùir e (x3)
Chuala mi e, chuala mi e, chuala mi aig triùir e
Chuala mi aig seisear e gun chuir mo leannan cùl rium

Good Words to Know:

<i>siuthad! siuth'd!</i>	<i>go on! have a go!</i>
<i>balach</i>	<i>boy, lad</i>
<i>a bhalachaibh</i>	<i>lads (when speaking to them)</i>
<i>aodach</i>	<i>cloth – so here it means the sails of the boat</i>
<i>a' cluinntinn</i>	<i>hearing</i> <i>chuala mi</i> <i>I heard</i>
<i>tri, triùir,</i>	<i>three, three people</i>
<i>sia, seisear</i>	<i>six, six people</i>
<i>leannan</i>	<i>sweetheart</i>
<i>cùl</i>	<i>back</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>siuth'd! siuthad!</i>	<i>dall ort! feuch air!</i>
<i>balach</i>	<i>gille</i>
<i>a bhalachaibh</i>	<i>seo a tha thu ag radh nuair a tha thu a' bruidhinn ri gillean còmhla</i>
<i>aodach</i>	<i>sgòid a' bhàta</i>
<i>triùir</i>	<i>bidh thu a' cleachdadh seo an aite trì, nuair a tha thu a' bruidhinn air daoine, m.e. triùir ghillean, triùir nighean</i>
<i>seisear</i>	<i>an aon rud, ach airson 'sia'</i>
<i>Ceist 1)</i>	<i>Dè an seòrsa danns' a th' anns a' phort seo? (Freagairt: srath-spèidh)</i>
<i>Ceist 2)</i>	<i>Dè seòrsa danns' (nas luaithe) a bhios an còmhnaidh a' tighinn as dèidh seo? (Freagairt: ruidhle) An aithne dhut ruidhle airson a sheinn as dèidh seo?</i>

Eacarsaich 1) Innis dè chanadh tu airson 2, 4, 5,6, 7, 8, 9, 10 dhaoine

11. Faill-ill-ò agus hò-ro eile

Faill-ill-ò agus hò-ro eile

Faill-ill-ò agus hò-ro eile

Faill-ill-ò agus hò-ro eile

A fhleasgaich dhuinn nach ann duinn a dh'èirich

Saoil sibh fhèin nach mi bha truagh dheth
Feasgar foghair air achadh bhuana
A h-uile tè 's a fear fhèin ri gualainn
'S mo leannan donnsa air bhàrr nan cuantan

Shiùbhlainn, shiùbhlainn, shiùbhlainn fhèin leat
Shiùbhlainn fada tro choill nan geug leat
'S nuair bha mi òg 's mi air bheagan cèille
Gur e do ghaolsa a ruinn mo lèireadh

Good Words to Know:

<i>fleasgach</i>	<i>young man</i>	<i>a fhleasgaich</i>	<i>young man! (when speaking to him)</i>
<i>a' saoilinn</i>	<i>wondering</i>	<i>saoil sibh fhèin</i>	<i>do you think....?</i>
<i>truagh</i>	<i>poor, sad</i>		
<i>foghar</i>	<i>autumn</i>	<i>feasgar foghair</i>	<i>an autumn evening</i>
<i>a' siubhal</i>	<i>travelling</i>	<i>shiubhlainn</i>	<i>I would travel</i>
<i>òg</i>	<i>young</i>		
<i>do ghaolsa</i>	<i>your love</i>		

Faclan agus Ceistean: (Faill-ill-ò agus hò-ro eile)

fleasgach *duine òg*

Bidh sinn a' cleachadh 'fleasgach' cuideachd airson an deagh charaid a tha a' cumail taic ri fear-na-bainnse aig pòsadh.

<i>donn</i>	<i>le falt donn, le gruag dhonn - agus mar sin.... 'a fhleasgaich dhuinn'</i>
<i>a dh'èirich</i>	<i>a thachair</i>
<i>air bheagan cèille</i>	<i>gòrach</i>
<i>ruinn</i>	<i>rinn (seo a chanadh daoine ann an dual-chainnt Bhaideanach)</i>
<i>a ruinn mo lèireadh</i>	<i>a dh'fhag mi tùrsach</i>

Ceist 1) An aithne dhut ràithean na bliadhna gu lèir? (Freagairt: earrach, samhradh, foghar, geamhradh)

Ceist 2) An aithne dhut mìosan na bliadhna gu lèir?

Eacarsaich 1) Innis mun àm as fheàrr leat anns a' bhliadhna agus carson.

Eacarsaich 2) Innis an sgeulachd a tha thusa an dùil a tha air cùl an òrain.

12. Seice Ruairidh

Seice Ruairidh bheir i fuaim
Seice Ruairidh bheir i srann
Seice Ruairidh bheir i fuaim
Nuair a bhuailear i gu teann

Nuair bhuailear i bheir i fuaim aist'
'S gluaisidh gach duin' bhios ann
An fhuaim a bheir seice Ruairidh
Bheir i nuas an taigh mun ceann



Good Words to Know:

<i>seice</i>	<i>hide, drum</i>
<i>Ruairidh</i>	<i>Roddy, Rory, Derek</i>
<i>fuaim</i>	<i>noise, sound</i>
<i>srann</i>	<i>rattle</i>
<i>a' bualadh</i> <i>nuair bhuailear i</i>	<i>hitting, striking</i> <i>when it is hit, struck</i>
<i>a' gluasad</i> <i>gluaisidh gach duine</i>	<i>moving</i> <i>everyone will move (to the beat)</i>
<i>taigh</i>	<i>house</i>
<i>ceann</i>	<i>head</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>seice</i>	<i>craiceann</i>
<i>a' bualadh</i> <i>nuair bhuailear i</i>	<i>a' toirt slaic air</i> <i>nuair a thathas a' toirt slaic oirre</i>
<i>nuas</i>	<i>air ais sìos no suas thugad-sa</i>

Ceist 1) Dè thug fuaim na seice air daoine a dhèanamh? (Freagairt: dannsadh)

Ceist 2) Dè na rudan a tha agad fhèin a th'air an deanamh à craiceann-beathaich? (m.e. brògan, бага etc)

Eacarsaich 1) Seinn am port seo, a' cumail na buille le drumma, no bualadh bois – ach fàg mullach na sgoile far a bheil e!

13. Oran na Maighdinn-Mhara

Hù-bha is na hoireann hù-bha
Hù-bha is na hoireann hì
Hù-bha is na hoireann hù-bha
'S ann le foill a mheall thu mi

A-mach air bhàrr nan stuadh ri gaillinn
Fuachd is feannadh fad' o thìr
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain
Ged is maighdeann-mhara mi

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach
Nuair bhios buaireas air an t-sid'
Bha mi 'n raoir an Coire Bhreacain
Bidh mi nochd an Eilean Ì

Seall is faic an grunn na fairge
Uamhan airgid 's òir gun dìth
Lainnearachd 's chan fhaca sùil e
Ann an cùirt no lùchairt rìgh

Good Words to Know:

Maighdeann-mhara mermaid

gailleann storm
ri gaillinn in a storm

fada long, far
tìr land
fad o thìr far from land

cadal sleep
mo chadalsa my sleep

Coire-Bhreacain the whirlpool at the north end of the island of Jura

Eilean Ì the island of Iona

airgead, òr silver, gold
uamhan airgid 's òir caves of silver and gold

lùchairt palace
luaineach air ais 's air adhart, caochlaideach

Faclan agus Ceistean:

maighdeann-mhara neach bho bheul-aithris air a bheil ceann boireannaich agus earball èisg

gailleann stoirm

ri gaillinn ann an stoirm

feannadh fuachd a tha garbh

<i>buairesas</i>	<i>ùpraid</i>
<i>Coire-Bhreacain</i>	<i>coire-tuaicheal ainmeil</i>
<i>lainnearachd</i>	<i>soills, dealradh</i>
<i>lùchairt</i>	<i>taigh mòr spaideil far am bith rìgh no ban-rìgh a' fuireach</i>

Ceist 1) Càite bheil Coire Bhreacain? Comarraich air a' chairt-iùil e.

Ceist 2) Càite bheil Eilean Ì? Comharraich air a' chairt-iùil e.

Eacarsaich 1) Dèan liosta dhe na faclan as aithne dhut a tha cò-cheangailte ri droch shìde. Dèan an aon rud le faclan airson deagh shìde.

Eacarsaich 2) Innis cò ris a bhiodh saoghal na maighdeann-mhara coltach?

14. Tha Bean agam, tha Taigh agam

Tha bean agam, tha taigh agam
Tha allt aig ceann an taigh' agam
Tha punnd do shiabann geal agam
'S mo lèine salach grànda

Dè ni mi gun lèine ghlan
Gun lèine gheal, gun lèine ghlan
Dè ni mi gun lèine ghlan
'S mi falbh bhon taigh a-màireach

Good Words to Know:

<i>bean</i>	<i>woman, wife</i>
<i>taigh</i>	<i>house</i>
<i>allt</i>	<i>stream</i>
<i>punnd</i>	<i>pound</i>
<i>siabann</i>	<i>soap</i>
<i>punnd de shiabann</i>	<i>a pound of soap</i>
<i>geal</i>	<i>white</i>
<i>salach, glan</i>	<i>dirty, clean</i>
<i>lèine</i>	<i>shirt</i>
<i>a-màireach</i>	<i>tomorrow</i>

Faclan agus Ceistean:

grànda *duaichnidh, gun a bhith brèagha*

Ceist 1) Dè seòrsa chur-seachadan as toil leat, far am bi thu salach aig deireadh an latha is feum agad air lèine ghlan? Spòrs?

Ceist 2) No an fheàrr leat cur-seachadan far a bheil thu glan fad na tìde? Dè na cur-seachadan a th' annta?

Eacarsaich 1) Innis sgeulachd mu na bha an duine seo 'dol a dhèanamh, nuair a bha feum aig air lèine ghlan airson falbh bhon taigh.

Eacarsaich 2) Innis dè na rudan a bha thu a' dèanamh an-dè? Dè na rudan a tha thu a' deanamh an-diugh? Dè na rudan a tha thu 'dol a dhèanamh a-màireach?

15. Far am bi mi-fhìn

Far am bi mi-fhìn, is ann a bhios mo dhòchas
Far am bi mi-fhìn, is ann a bhios mo dhòchas
Far am bi mi-fhìn, is ann a bhios mo dhòchas
Far am bi mi-fhìn, bidh mo dhòchas ann

Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmhich
Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmhich
Siubhal air na cladaichean 's a' coiseachd air a' ghainmhich
Far am bi mi-fhìn, bidh mo dhòchas ann

Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair'
Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair'
Thèid mi fhìn is Sìne null gu taigh a' phìobair'
'S nì sinn brod an ruidhle leinn fhìn air an làr

Fhuair mi fios bho Shìne gu robh tromb is cìr aic'
Fhuair mi fios bho Shìne gu robh tromb is cìr aic'
Fhuair mi fios bho Shìne gu robh tromb is cìr aic'
Ged a bhiodh gach pìobair is fìdhlear nan tàmh



Good Words to Know:

tha mi *I am*
far am bi mi *wherever I will be...*

<i>mi</i>	<i>me</i>	<i>mi-fhìn</i>	<i>myself</i>
<i>dòchas</i>	<i>hope, expectation</i>		
<i>cladach</i>	<i>shore</i>	<i>cladaichean</i>	<i>shores, beaches</i>
<i>gainmheach</i>	<i>sand</i>	<i>air a' ghainmhich</i>	<i>on the sand</i>
<i>Sìne</i>	<i>Jane, Sheena</i>		
<i>pìobair</i>	<i>piper</i>	<i>taigh a' phìobair</i>	<i>the piper's house</i>
<i>fìdhlear</i>	<i>fiddler</i>		
<i>tromb</i>	<i>jaw's harp, trump</i>		

A trump is a musical instrument which looks like a tiny cross-bow with a flexible metal tongue. You hold the harp to your mouth with one hand, and pluck the metal tongue with the other. This makes the basic sound, and the note changes by changing the shape of your mouth.

Faclan agus Ceistean:

<i>mi-fhìn</i>	<i>mise gu sònraichte</i>		
<i>null, a-null</i>	<i>a' dol a dh'àiteigin (air falbh bhon àite anns a</i>	<i>bheil thu)</i>	
<i>nall, a-nall</i>	<i>a' tilleadh a dh'àiteigin (air ais a dh'àite)</i>		
<i>ruidhle</i>	<i>dannsa luath</i>		
<i>nì sinn brod an ruidhle</i>	<i>nì sinn an ruidhle as fheàrr</i>		
<i>tromb</i>	<i>inneal-ciùil</i>		

cìr airson do ghruag a chumail dòigheil

nan tàmh gun fhuaim, sàmhach

Ceist 1) Dè na h-innealan ciùil a tha a' chlann anns a' chlas agad a' cluich?

Ceist 2) Càite bheil an cladach as fheàrr leat?

Eacarsaich 1) Dèan liosta de dh'innealan-ciùil agus na h-ainmean a th'air na daoine a bhios gan cluich. (fidheall – fìdhlear, pìob – pìobair, drumma – drumair etc)

Eacarsaich 2) Innis dè na seòrsaichean ciùil as toil leat agus carson. Ceòl pop? Ceòl traidiseanta? Dè na cluicheadairean? Dè na còmhlain?

16. Cluasan, sùilean, sròn is beul

Cluasan, sùilean, sròn is beul
Sròn is beul, sròn is beul
Cluasan, sùilean, sròn is beul
Aodann bòidheach

Good Words to Know:

cluas
cluasan

ear
ears



sùil
sùilean

eye
eyes

sròn

nose

beul

mouth

aodann

face

bòidheach

bonny



Faclan agus Ceistean:

Ceist 1) *Dè na faclan eile as aithne dhut airson pàirtean no buill dhe d' aodann?
(Freagairt: gruaidhean, smiogaid, mala etc)*

Ceist 2) *Dè na faclan as aithne dhut airson buill-cuirp, no pàirtean dhe do bhodhaig?
(Freagairt: cas, gàirdean, glùn etc)*

Eacarsaich 1) *Tarraing dealbh dhe do nàbaidh anns a' chlas agus comharraich far a bheil gach pàirt dhe aodann, no dhe h-aodann.*

17. Splis-Splais!

*Splis! Splais! Cuir ort do bhòtannan
Tha i fliuch an-diugh
Splis! Splais! Cuir ort do bhòtannan
Tha i fliuch an-diugh*



Tha 'n t-uisge air an uinneig
Piodair-padair, piodair-padair
Tha 'n t-uisge air an uinneig
Fad' an lath' an-diugh

*Splis! Splais! Cuir ort do chòta
Tha i fliuch an-diugh
Splis! Splais! Cuir ort do chòta
Tha i fliuch an-diugh*

Tha 'n t-uisge air an dorus
Piodair-padair, piodair-padair
Tha 'n t-uisge air an dorus
Fad' an lath' an-diugh

*Splis! Splais! Cuir ort do bhonaid
Tha i fliuch an-diugh
Splis! Splais! Cuir ort do bhonaid
Tha i fliuch an-diugh*

Tha 'n t-uisge air a' mhullach
Piodar-padair, piodair-padair
Tha 'n t-uisge air a' mhullach
Fad' an lath' an-diugh

*Splis! Splais! Cuir ort do mhiotagan
Tha i fliuch an-diugh
Splis! Splais! Cuir ort do mhiotagan
Tha i fliuch an-diugh*

Tha 'n t-uisge air an talamh
Piodair-padair, piodair-padair
Tha 'n t-uisge air an talamh
Fad' an lath' an-diugh

*Splis! Splais! Cuir suas do sgàilean
Tha i fliuch an-diugh
Splis! Splais! Cuir suas do sgàilean
Tha i fliuch an-diugh*

Tha 'n t-uisge air mo shròin
Piodari-padair, piodair-padair
Tha 'n t-uisge air mo shròin
Fad' an lath' an-diugh



Good Words to Know:

*a' cur
cuir ort!*

*putting
put on (your)!*

<i>bòtann</i> <i>do bhòtannan</i>	<i>welly, boot</i> <i>your wellies</i>
<i>fliuch</i>	<i>wet, rainy</i>
<i>an-diugh</i>	<i>today</i>
<i>uinneag</i> <i>air an uinneig</i>	<i>window</i> <i>on the window</i>
<i>còta</i> <i>do chòta</i>	<i>coat</i> <i>your coat</i>
<i>dorus</i>	<i>door</i>
<i>bonaid</i> <i>do bhonaid</i>	<i>hat, bunnet</i> <i>your hat</i>
<i>mullach</i> <i>air a' mhullach</i>	<i>top, roof</i> <i>on the roof</i>
<i>miotagan</i> <i>do mhiotagan</i>	<i>gloves, mittens</i> <i>your mittens</i>
<i>talamh</i>	<i>ground</i>
<i>sgàilean</i>	<i>umbrella</i>
<i>sròn</i> <i>air mo shròin</i>	<i>nose</i> <i>on my nose</i>

Faclan agus Ceistean:

*Ceist 1) Am bi thu a' cleachdadh sgàilein nuair a tha i fliuch? Cò ris a tha e coltach?
mòr? beag? dathte? stiallach?*

Eacarsaich 1) Tarraing dealbh dhìot fhèin a' dol a-mach air latha fliuch fuar, agus comharraich an diofar aodach a tha ort.

Eacarsaich 2) Innis dè rinn thu an turas mu dheireadh a chaidh thu a-mach a dh'àiteigin air latha fliuch.

18. Gibhi-gi (Port na h-Eala)

Goiridh-gi, goiridi-gò
Goiridh-gi, goiridh-gò
Goiridh-gi, goiridh-gò
Goiridh-gò, Goiridh-gi

Mo chasan dubh, mo chasan dubh
Mo chasan dubh, 's mi-fhìn glè-gheal

Chreachadh mo nead, chreachadh mo nead,
Chreachadh mo nead, 's mi-fhìn an Èirinn

Good Words to Know:

<i>eala</i>	<i>swan</i>
<i>cas</i>	<i>foot, leg</i>
<i>mo chasan dubh</i>	<i>my feet (are)black</i>
<i>mi-fhìn</i>	<i>myself</i>
<i>geal</i>	<i>white</i>
<i>glè-gheal</i>	<i>pure white</i>
<i>a' creachadh</i>	<i>spoiling, plundering</i>
<i>nead</i>	<i>nest</i>
<i>chreachadh mo nead</i>	<i>my nest has been plundered</i>
<i>Èirinn</i>	<i>Ireland</i>

Faclan agus Ceistean:

- Ceist 1) *A bheil ealachan 's an sgìre agad? Ma tha, càite bheil iad a' fuireach?*
- Ceist 2) *Dè an dath a th' air uighean eala?*
- Ceist 3) *A bheil eala a' dèanamh fuaim sònraichte idir?*
- Ceist 4) *A bheil fhios agad dè bhios gille-brìde ag ràdh? (Freagairt: 'bi glic! bi glic!)*
- Ceist 5) *An robh thusa riamh an Èirinn? An robh duine as aithne dhut riamh an Èirinn?
Dè rinn sibh ann?*

Eacarsaich 1) *Tarraing dealbh de dh'eala ann an dòigh 's gu faic sinn na casan dubha*

19. O tha 'n Tombaca Daor

O tha 'n tombaca daor
O tha 'n tombaca gini
O tha 'n tombaca daor
B' fheàrr leum gu robh e tuilleadh

Gini air a h-uile punnd
Punnd air a h-uile gini
Tha e gini air a' phunnd
Agus punnd air a' ghini

Good Words to Know:

<i>tombaca</i>	<i>tobacco</i>
<i>daor</i>	<i>expensive</i>
<i>gini</i>	<i>guinea</i>

A guinea was worth £1.05 in the old money used before 1971.

<i>tuilleadh</i>	<i>more</i>
<i>punnd</i>	<i>pound</i>
<i>agus</i>	<i>and</i>
<i>a h-uile</i>	<i>every</i>

Faclan agus Ceistean:

- Ceist 1) *Dè tha ann an gini?*
- Ceist 2) *Dè an luach a bha ann an gini?*
- Ceist 3) *Dè an cuideam meatrach a tha ann am punnd?*
- Ceist 4) *Dè an seòrsa danns' a th' anns a' phort seo? (Freagairt: ruidhle)*
- Ceist 5) *Dè seòrsa danns' (nas maille) a bhios gu tric a' tighinn air thoiseach air seo? (Freagairt: srath-spèidh). An aithne dhut srath-spèidh airson a sheinn ron a seo?*

20. Fear a' Bhàta

'S tric mi 'sealltainn on chnoc as àirde
Dh'fheuch am faic mi fear a' bhàta
An tig thu 'n diugh, no 'n tig thu màireach?
'S mur tig thu idir, gur truagh a tà mi

*Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Fhir a' bhàta, na hò ro èile
Mo shoraidh slàn leat's gach àit' an tèid thu*

Tha mo chrìdh-sa briste brùite
'S tric na deòir a' ruith o m' shùilean
An tig thu nochd no 'm bi mo dhùil riut
No 'n dùin mi 'n doras le osna thùrsaich?

'S tric mi faighneachd de luchd nam bàta
Am fac' iad thu, no 'm bheil thu sàbhailt
Ach 's ann a tha gach aon diubh 'g ràitinn
Gur gòrach mise ma thug mi gràdh dhut

Good Words to Know:

<i>fear</i>	<i>man</i>
<i>bàta</i>	<i>boat</i>
<i>fear a' bhàta</i>	<i>the boatman</i>
<i>an-diugh</i>	<i>today</i>
<i>a-màireach</i>	<i>tomorrow</i>
<i>idir</i>	<i>at all</i>
<i>truagh</i>	<i>poor, miserable</i>
<i>soraidh</i>	<i>farewell, goodbye</i>
<i>mo shoraidh</i>	<i>my farewell</i>
<i>cridhe</i>	<i>heart</i>
<i>mo chrìdh-sa</i>	<i>my heart</i>
<i>briste</i>	<i>broken</i>
<i>deur</i>	<i>tear</i>
<i>deòir</i>	<i>tears</i>
<i>sàbhailt', sàbhailte</i>	<i>safe</i>
<i>gòrach</i>	<i>silly, daft</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>soraidh</i>	<i>dùrachd nuair a tha thu a' fàgail cuideigin no</i>	<i>àiteigin</i>
<i>deur, deòir</i>	<i>bi iad a' sileadh bho do shùilean nuair a tha thu tùrsach</i>	
<i>a' faighneachd</i>	<i>a' cur ceist, a' farraid</i>	
<i>dùil, mo dhùil</i>	<i>dòchas, mo dhòchas</i>	

ag ràitinn

dòigh eile air 'ag ràdh' a ràdh

gràdh

gaol

Eacarsaich 1)

Innis an sgeulachd a tha thusa a' smaoinichadh a tha air cùl an òrain.

21. Tha Toll air a' Bhàta Mhòr

Tha toll air a' bhàta mhòr
Tha toll air a' bhìrlinn
Tha toll air a' bhàta mhòr
'S cha chàraich an saor i

Tha aon oirr', tha dhà oirr'
Tha dhà oirr', tha trì oirr'
Tha ceithir oirr, tha còig oirr'
Cha mhòr nach eil naoi oirr'

Good Words to Know:

<i>toll</i>	<i>hole</i>		
<i>bàta</i>	<i>boat</i>		
<i>mòr</i>	<i>big</i>	<i>air a' bhata mhòr</i>	<i>on the big boat</i>
<i>bìrlinn</i>	<i>galley, long-boat</i>	<i>air a' bhìrlinn</i>	<i>on the galley</i>
<i>a' càradh</i>	<i>mending, fixing</i>	<i>cha chàraich ...</i>	<i>... won't mend</i>
<i>saor</i>	<i>carpenter</i>		
<i>aon, dhà, trì, ceithir, còig</i>	<i>one, two, three, four, five</i>	<i>naoi</i>	<i>nine</i>

Ceistean agus Faclan:

<i>bìrlinn</i>	<i>seann bhàta fada le siùil agus rèimh</i>
<i>a' càradh</i>	<i>a' cur ceart</i>
<i>cha chàraich an saor i</i>	<i>cha chuir an saor ceart i</i>

22. 'S Ioma' Rud a Chunna Mi

'S ioma' rud a chunna mi
'S ioma' rud a rinn mi
'S ioma' rud a chunna mi
A-muigh air feadh na h-oidhche

Chunna mi na cudaigean
Na cudaigean, na cudaigean
Chunna mi na cudaigean
A' cluich air allt na muilleadh

Chunna mi na piseagan
Na piseagan, na piseagan
Chunna mi na piseagan
Air spiris bean an t-saighdeir



Good Words to Know:

<i>ioma', iomadh</i>	<i>several</i>
<i>rud</i>	<i>thing</i>
<i>'s ioma' rud</i>	<i>many's the thing</i>
<i>oidhche</i>	<i>night</i>
<i>air feadh na h-oidhche</i>	<i>all through the night</i>
<i>cudaig</i>	<i>cuddy</i>
<i>cudaigean</i>	<i>cuddies</i>
<i>allt</i>	<i>stream</i>
<i>piseag</i>	<i>kitten</i>
<i>piseagan</i>	<i>kittens</i>
<i>bean</i>	<i>woman, wife</i>
<i>saighdear</i>	<i>soldier</i>
<i>bean an t-saighdeir</i>	<i>the soldier's wife</i>

Ceistean agus Faclan:

<i>air feadh na h-oidhche</i>	<i>tron oidhche</i>
<i>cudaig</i>	<i>iasg beag a gheibhear anns a' mhuir</i>
<i>spiris</i>	<i>spàrr no faradh air am bi na h-eòin a'cadal</i>

Eacarsaich 1) 'S e fealla-dhà a th' anns an òran seo - chan urrainn gun do thachair na rudan seo. Feuch ri rannan eile a dhèanamh suas air an aon dòigh

23. Cuir 's a' Chiste Mhòir Mi

Cuir 's a' chiste mhòir mi
'S còig bonnach fo mo cheann
Cuir 's a' chiste mhine mi
'S beag is miste mi bhith ann

Cuir 's a' chiste mhine mi
Cuir 's a' chiste mhine mi
Cuir 's a' chiste mhine mi
'S beag is miste mi bhith ann



Good Words to Know:

<i>a' cur</i>	<i>putting</i>
<i>cuir!</i>	<i>put!</i>
<i>ciste</i>	<i>chest, large box</i>
<i>mòr</i>	<i>big</i>
<i>'s a' chiste mhòir</i>	<i>in the big chest</i>
<i>còig</i>	<i>five</i>
<i>bonnach</i>	<i>bannock, cake</i>
<i>bonnach</i>	<i>bannocks, cakes</i>
<i>ceann</i>	<i>head</i>
<i>mo cheann</i>	<i>my head</i>
<i>min</i>	<i>meal</i>
<i>'s a' chiste mhine</i>	<i>in the meal chest</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>'s beag is miste</i>	<i>cha d' rinn e cron sam bith</i>
<i>min</i>	<i>gràn a chaidh a bhleith</i>

Ceist 1) *Cuin a bhios tu a' cleachdadh mine? (Freagairt: còcaireachd, bèicearachd)*

Ceist 2) *Dè am min as bitheanta a bhios daoine a' cleachdadh airson còcaireachd? (Freagairt: min-choirce)*

Ceist 3) *Dè seòrsa bìdhe a tha thu a' dèanamh le min-choirce? (Freagairt: aran-coirce, brochan etc)*

24. Dh'èirich mi Moch Madainn Chèitein

Dh'èirich mi moch madainn Chèitein

*Faill ill è ill ù ill ò
Hiùraibh ò 's na hò ro èile
Faill ill è ill ù ill ò*

Mas moch an-diugh bu mhuich an dè e

'S binn a' chòisir rinn mi èisteachd

Smeòraichean air bhàrr nan geugan

Uiseagan os cionn an t-slèibhe

Madainn chiùin fo dhriùchd nan speuran

Bric air linneachan a' leumraich

Crodh air àirighean a' geumnaich

Good Words to Know:

<i>ag èirigh</i>	<i>rising, getting up</i>
<i>dh'èirich mi</i>	<i>I got up</i>
<i>moch</i>	<i>early</i>
<i>madainn</i>	<i>morning</i>
<i>an Cèitean</i>	<i>May</i>
<i>moch madainn Chèitein</i>	<i>early one May morning</i>
<i>còisir</i>	<i>choir</i>
<i>a' chòisir</i>	<i>the choir</i>
<i>smeòrach</i>	<i>thrush</i>
<i>smeòraichean</i>	<i>thrushes</i>
<i>uiseag</i>	<i>skylark</i>
<i>uiseagan</i>	<i>skylarks</i>
<i>breac</i>	<i>trout</i>
<i>bric</i>	<i>trout (more than two)</i>
<i>crodh</i>	<i>cattle</i>
Faclan agus Ceistean:	
<i>moch</i>	<i>tràth</i>
<i>bu mhuiche</i>	<i>na bu thràithe</i>
<i>madainn Chèitein</i>	<i>tràth dhen latha, aon latha anns a' Mhàigh</i>
<i>driùchd</i>	<i>an t-uisge mìn a tha a' laighe air uachdar a h-uile càil, a' chiad char anns a' mhadainn</i>
<i>linne</i>	<i>lòn, lochan</i>

<i>a' leumraich</i>	<i>a' bocadh, a' leum</i>
<i>àirigh, àirighean</i>	<i>na raointean air talamh àrd, far am biodh an sprèidh gam feurach as t-samhradh</i>
<i>speuran</i>	<i>an t-adhar</i>
<i>a' geumnaich</i>	<i>crodh ag èigheach</i>

- Ceist 1) Dè an t-ainm sònraichte a th' air a' chiad latha dhen Chèitean?
(Freagairt: Latha Buidhe Bealltainn)*
- Ceist 2) Thathas ag ràdh gum bu chòir dhut èirigh tràth anns a' mhadainn air Latha Buidhe Bealltainn airson rudeigin sònraichte a dhèanamh a-thaobh maise – de th' ann?
(Freagairt: d' aodann a nighe anns an driùchd) An d' rinn thusa seo riamh?*
- Ceist 3) Gheibhear bric ann am fìor-uisge agus anns a' mhuir – an aithne dhut iasg eile a tha a' tighinn beò ann am fìor-uisge agus ann an sàl?*
- Eacarsaich 1) Dèan liosta de mhìosan na bliadhna gu lèir – agus innis gu dè tha sònraichte mun deidhinn. Dè seòrsa sìde? Dè seòrsa flùraichean? Fèilltean? Dè seòrsa aodaich a bhios tu a' cur ort?*

25. Hè mo Leannan, Hò mo Leannan

*Hè mo leannan, hò mo leannan
'S e mo leannan am fear ùr
Hè mo leannan, hò mo leannan*

*'Se mo leannan gille Calum
Carpenter an daraich thu*

*'S e mo leannan-s' am fear dualach
Air na dh'fhàs an cuailean dlùth*

*'S e mo leannan am fear donn
A thogadh fonn anns an taigh-chiùil*

*'S e mo leannan saor an t-sàbhaidh
Leagadh lobhta làir gu dlùth*

Good Words to Know:

<i>leannan</i>	<i>darling, sweetheart</i>
<i>gille</i>	<i>boy, lad</i>
<i>Calum</i>	<i>Malcolm, Cal</i>
<i>Darach</i>	<i>oak</i>
<i>carpenter an Daraich</i>	<i>the carpenter of the 'Darach' (the name of the boat)</i>

This song also uses the Gaelic word for carpenter – saor – later on.

<i>dualach</i>	<i>curly</i>
<i>donn</i>	<i>brown</i>
<i>fonn</i>	<i>tune, melody</i>
<i>taigh-chiùil</i>	<i>music-house</i>
<i>clò</i>	<i>cloth, tweed</i>
<i>dlùth</i>	<i>close</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>dualach</i>	<i>curlach, cuachach</i>
<i>cuailean</i>	<i>gruag dhualach</i>
<i>taigh-chiùil</i>	<i>àite far a bheil ceòl is crac a' dol</i>
<i>clò</i>	<i>aodach</i>

Ceist 1) Thathas ag ainmeachadh darach anns an òran. Dè na craobhan eile as aithne dhut?

Ceist 2) A bheil fhios agad dè seòrsa òrain a tha seo?

Ceist 3) Dè seòrsa obrach a dhèanadh tu fhads a bhiodh tu a' seinn òrain mar seo?

Eacarsaich 1) Faigh a-mach barrachd mu òrain luaidh agus an obair a bha co-cheangailte riutha.

26. Taobh Loch Èite

Fire, faire, hò-ro gheallaidh
Fire, faire, hò-ro èile
Fire, faire, hò-ro gheallaidh
Buain na rainich taobh Loch Èite

Gum bi cuimhn' agam ri m' mhaireann
Mar a thachair mi ri m' eudail
Mar a thachair mi ri Màiili
Buain na rainich taobh Loch Èite

Theann mi null an taobh a bha i
Chuir mi fàilt' oirre 's a' Bheurla
Fhreagair i le gruaim 's a' Ghàidhlig
Fear do chànain 's beag mo spèis dha

A Mhàili na bi rium cho tàireil
Seo mo làmh nach èirich beud dhut
An Latharna bhòidheach fhuair mi m' àrach
'S air a' Ghàidhlig tha mi dèidheil

Good Words to Know:

<i>a' buain</i>	<i>picking, reaping</i>
<i>raineach</i>	<i>bracken</i>
<i>buain na rainich</i>	<i>gathering bracken</i>

<i>cuimhn' , cuimhne</i>	<i>memory</i>
--------------------------	---------------

<i>eudail</i>	<i>darling</i>
---------------	----------------

<i>Beurla</i>	<i>English</i>
<i>'s a' Bheurla</i>	<i>in English</i>

<i>Gàidhlig</i>	<i>Gaelic</i>
<i>'s a' Ghàidhlig</i>	<i>in Gaelic</i>

<i>beag</i>	<i>little</i>
<i>spèis</i>	<i>respect, regard</i>

<i>Loch Èite</i>	<i>Loch Etive</i>
------------------	-------------------

<i>Latharna</i>	<i>Lorne</i>
-----------------	--------------

Faclan agus Ceistean:

<i>maireann</i>	<i>buan</i>
<i>ri m' mhaireann</i>	<i>cho fad 's a bhios mi beò</i>

<i>a' tachairt</i>	<i>a' coinneachadh</i>
<i>mar a thachair mi...</i>	<i>mar a choinnich mi</i>

<i>eudail</i>	<i>leannan</i>
---------------	----------------

<i>'s a' Bheurla</i>	<i>am Beurla</i>
<i>'s a' Ghàidhlig</i>	<i>an Gàidhlig</i>

<i>gruaim</i>	<i>greann</i>
<i>spèis</i>	<i>deagh bheachd, meas</i>
<i>tàireil</i>	<i>làn dìmeas, suarach</i>
<i>beud</i>	<i>cron</i>
<i>àrach</i>	<i>togail</i>
<i>fhuair mi m' àrach</i>	<i>chaidh mo thogail</i>
<i>tha mi dèidheil</i>	<i>'s fìor thoil leam</i>

Ceist 1) Càite bheil Loch Èite? Comharraich air a' chairt-iùil e.

Ceist 2) Càite bheil Latharna? Comharraich air a' chairt-iùil e.

27. Pòg o Leannan an Fhìdhleir

Pòg o leannan an fhìdhleir
Pòg o leannan an fhìdhleir
Pòg o leannan an fhìdhleir
'S a trì o leannan an tàilleir

Pòg o nighean nan caorach
Pòg o nighean nan caorach
Pòg o nighean nan caorach
'S o nighean nan gobhar nam faodainn



Good Words to Know:

<i>pòg</i>	<i>kiss</i>
<i>leannan</i>	<i>sweetheart</i>
<i>fhìdhleir</i>	<i>fiddler</i>
<i>leannan an fhìdhleir</i>	<i>the fiddler's sweetheart</i>
<i>tàilleir</i>	<i>tailor</i>
<i>leannan an tàilleir</i>	<i>the tailor's sweetheart</i>
<i>trì</i>	<i>three</i>
<i>nighean</i>	<i>girl, lass</i>
<i>caora</i>	<i>sheep</i>
<i>nighean nan caorach</i>	<i>the shepherdess</i>
<i>gobhar</i>	<i>goat</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>nighean nan caorach</i>	<i>bana-bhuachaille</i>
<i>nighean nan gobhar</i>	<i>bana-bhuachaille ghobhar</i>
<i>nam faodainn</i>	<i>nam faighinn cead, nam b' urrainn dhomh</i>

Ceist 1) *Faodaidh tu dà sheòrsa danns' a dhèanamh ris a' phort seo, a-rèir 's mar a tha thu ga sheinn. Dè an dà dhanns' a tha sin?
(Freagairt: srath-spèidh no port-cruinn – jig)*

Eacarsaich 1) *Seinn am port mar shrath-spèidh agus an uairsin mar phort cruinn. Ciamar a tha iad eadar-dhealaichte?*

28. Fear a bhios fada gun phòsadh

Fear a bhios fada gun phòsadh
Fàsaidh feur is fraoch is fireach air
Fear a bhios fada gun phòsadh
Fàsaidh feusag mhòr air (x2)

Fàsaidh feur air, fàsaidh fraoch air
Fàsaidh feur is fraoch is fireach air
Fàsaidh feur air, fàsaidh fraoch air
Fàsaidh feusag mhòr air

Fàsaidh feur air fàsaidh fraoch air
Fàsaidh feur is fraoch is fireach air
Fear a bhios fada gun phòsadh
Fàsaidh feusag mhòr air

Good Words to Know:

<i>fear</i>	<i>man</i>
<i>fada</i>	<i>long</i>
<i>a' fàs</i> <i>fàsaidh</i>	<i>growing</i> <i>will grow</i>
<i>a' pòsadh</i> <i>gun phòsadh</i>	<i>marrying</i> <i>without marrying</i>
<i>feur</i>	<i>grass</i>
<i>fraoch</i>	<i>heather</i>
<i>fireach</i>	<i>moorland</i>
<i>feusag</i> <i>mòr</i> <i>feusag mhòr</i>	<i>beard</i> <i>big</i> <i>a big beard</i>

Faclan agus Ceistean:

fireach *talamh àrd, fiadhaich, monadh*

Ceist 1) Cò na daoine as aithne dhut air a bheil feusag?

Ceist 2) Dè seòrsa danns a dhèanadh tu ris a' phort seo? (Freagairt: port-cruinn – jig)

Eacarsaich 1) Cuin a bha thu aig banais mu dheireadh? Innis mu deidhinn.

29. Mòrag à Dùn Bheagain

Hò-bhan 's na hò-bhan ò
Hò-bhan 's na hì ho-rò
Hò-bhan 's na hò-bhan ò
'S mìlse leam mo Mhòrag

Cailin òg dan tug mi luaidh
Air mo bhuadhan fhuair i buaidh
Gus an càirear mi 's an uaigh
Molaidh mi mo Mhòrag

Nuair a shèideas mi 'phiòb mhòr
Mar bu nòs is mar bu chòir
Bidh gach ceòl a thèid trom mheòir
A' sìor mholadh Mòrag

Togaidh mise do mo ghràdh
Bothan beag ri taobh na tràigh
'S an Dùn Bheagain nan seòid 's nam flàth
Pòsaidh mi mo Mhòrag

Good Words to Know:

<i>milis</i>	<i>sweet</i>
<i>'S mìlse</i>	<i>sweeter</i>
<i>cailin</i>	<i>girl</i>
<i>òg</i>	<i>young</i>
<i>a' moladh</i>	<i>praising</i>
<i>molaidh mi</i>	<i>I will praise</i>
<i>Mòrag</i>	<i>Morag, Mo, Marion</i>
<i>ceòl</i>	<i>music</i>
<i>pìob</i>	<i>pipes</i>
<i>gràdh</i>	<i>love</i>
<i>mo ghràdh</i>	<i>my love</i>
<i>bothan</i>	<i>bothy, a wee house</i>
<i>Dun Bheagain</i>	<i>Dunvegan</i>
<i>a' pòsadh</i>	<i>marrying</i>
<i>pòsaidh mi</i>	<i>I will marry</i>

Faclan agus Ceistean:

<i>cailin</i>	<i>nighean, caileag</i>
<i>luaidh</i>	<i>gaol</i>
<i>buadh</i>	<i>deagh bheus</i>
<i>buadhan</i>	<i>deagh bheusan</i>
<i>buaidh</i>	<i>làmh-an-uachdair</i>

*a' càireadh
an càirear mi san uaigh*

*a' cur ann
an tèid mo thiodhlacadh*

*a' moladh
molaidh mi*

*a' toirt cliù do chuideigin
bheir mi cliù do*

bu nòs

bu dual, bha àbhaisteach

*meur
trom mheòir*

*corrag
tro na corragan agam*

*seud
seòid*

*gaisgeach
gaisgich*

flath

rìgh, tighearna, prionnsa

Ceist 1)

Càite bheil Dun Bheagain? Comharraich air a' chairt-iùil e.


30. Còta mòr Ealasaid

*Tha còta mòr Ealasaid air Anna nigh'n an fhìdhleir
Tha còta mòr Ealasaid air Anna 'dol a phòsadh
Tha còta mòr Ealasaid air Anna nigh'n an fhìdhleir
Tha còta mòr Ealasaid air Anna 'dol a phòsadh*

*Anna nigh'n, air Anna nigh'n, air Anna nigh'n an fhìdhleir
Anna 'dol, air Anna 'dol, air Anna 'dol a phòsadh
Air Anna nigh'n, air Anna nigh'n, air Anna nigh'n an fhìdhleir
Anna 'dol, air Anna 'dol, air Anna 'dol a phòsadh*

*Tha còta mòr Ealasaid air Anna nigh'n an fhìdhleir
Tha còta mòr Ealasaid air Anna 'dol a phòsadh
Tha còta mòr Ealasaid air Anna nigh'n an fhìdhleir
Tha còta mòr Ealasaid air Anna 'dol a phòsadh*

*Anna nigh'n, air Anna nigh'n, air Anna nigh'n an fhìdhleir
Anna 'dol, air Anna 'dol, air Anna 'dol a phòsadh
Air Anna nigh'n, air Anna nigh'n, air Anna nigh'n an fhìdhleir
Tha drathais chaol chanabhais air Anna 'dol a phòsadh*



Good Words to Know:

<i>còta</i>	<i>coat</i>
<i>mòr</i>	<i>big</i>
<i>Ealasaid</i>	<i>Elizabeth, Liz</i>
<i>Anna</i>	<i>Ann, Annie, Anne</i>
<i>Fìdhlear</i>	<i>fiddler</i>
<i>nighean nigh'n an fhìdhleir</i>	<i>girl, daughter the fiddler's daughter</i>
<i>a' dol a' phòsadh dol a phòsadh</i>	<i>going marrying going to get married</i>
